

B2

Speak Gaelic

Sgrìobhadh | Writing

25 PUINGEAN | 25 POINTS [25%]



1.

Ceist a h-Aon | Question One

5 PUINGEAN]

Fhuair thu an litir seo bho Cholaiste na Gàidhlig ann an Ceap Breatainn. Leugh an litir agus sgrìobh do fhreagairt thuca ann an litir mu 200 facal a dh'fhaide.

COLAISTE NA GÀIDHLIG
CEAP BREATAINN
ALBA NUADH
CANADA

A charaid chòir,

Meal do naidheachd sa chiad dol a-mach! Tha sinn a' sgrìobhadh thugad gus innse dhut gu bheil thu air a' gheàrr-liosta den fharpais againn.

'S e duais na farpaise cùrsa fad cola-deug a-bhos an seo aig a' Cholaiste. Ma bhuannaicheas tu, gheibh thu d' àite air a' chùrsa, àite-fuirich aig a' Cholaiste, cosgaisean siubhail agus cosgaisean bìdh is eile uile air am pàigheadh dhut!

Nach cuir thu litir air ais thugainn ag innse dhuinn dè seòrsa cùrsa a fhreagradh ort, dè bhiodh àite air a' chùrsa a' ciallachadh dhutsa, agus carson a tha thusa airidh air àite fhaighinn? Nach innis thu dhuinn cuideachd ciamar a bha an t-slighe ionnsachaidh agad thuige seo agus dè na rudan as fheàrr agus as miosa mu bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig?

Gu praighteagach, nan innseadh tu cuideachd cò às a bhiodh tu a' siubhal agus ciamar a gheibheadh tu don Cholaiste mas e 's gum buainnicheadh tu, bhiomaid nad comain. Nach leig thu fios cuideachd ma tha ceist sam bith agadsa?

Leis gach deagh dhùrachd

Sgrìobh sgeulachd ghoirid, no lèirmheas air film, leabhar, prògram telebhisean, pìos bàrdachd, no dealbh-chluich, a' leantainn AON de na tiotalan a leanas. Dh'fhaodadh an aiste a bhith, mar eisimpleir: mac-meanmnach, fìrinneach, fiosrachail, beachdail, pearsanta no eile. Sgrìobh mu 400 facal.

1. Seasmhachd.
2. Priobadh na Sùla
3. Siubhal gun Siùcair
4. An Doras
5. A' Mhalairt
6. An t-Eilthireach
7. Aig Àm a' Ghlasaidh-shluaigh
8. Saoghal an latha an-diugh



Ceist a Trì | Question Three

[10 PUINGEAN]

Dèan beagan rannsachaidh air AON de na cuspairean a leanas. Sgrìobh aiste mu 400 facal a dh'fhaide ag argamaid airson no an aghaidh na puinge.

1. Tha bàs mhion-chànanan na phàirt nàdarra de chultar cruinneil.
2. Tha teicneolas a' cur ri cumhachd nam mòr-chànanan.
3. Bu chòir airgead-dìolaidh a phàigheadh do chinnidhean is chultaran a chaidh a cheannsachadh gu h-eachdraidheil.
4. Tha eaconamaidh an t-saoghail nas mì-chothromaiche na bha e a-riamh.
5. Tha Tuigse Innealta (TI) na chunnart mòr do mhac an duine.
6. Tha e ro anmoch a-nis cur an aghaidh atharrachadh na gnàth-shìde.

